N5

Teisteanais
Nàiseanta
2014

X775/75/01 Nuadh Eòlas

DIMÀIRT, 29 GIBLEAN

9:00M – 10:30M

Comharran gu lèir — 60

ROINN 1 — DEAMOCRASAIDH ANN AN ALBA AGUS SAN RÌOGHACHD AONAICHTE— 20 comharran

Feuch AON phàirt,

Pàirt A	Deamocrasaidh ann an Alba	Duilleagan 3–6
NO		
Pàirt B	Deamocrasaidh anns an Rìoghachd Aonaichte	Duilleagan 8–11

ROINN 2 — CÙISEAN SÒISEALTA SAN RÌOGHACHD AONAICHTE — 20 comharran

Feuch AON phàirt,

Pàirt C	Cion cho-ionannas Sòisealta	Duilleagan 12–15
NO		
Pàirt D	Eucoir agus an Lagh	Duilleagan 16–19

ROINN 3 — CÙISEAN EADAR-NÀISEANTA — 20 comharran

Feuch AON phàirt,

Pàirt E	Cumhachdan an t-Saoghail	Duilleagan 20–24
NO		
Pàirt F	Cùisean an t-Saoghail	Duilleagan 25–29

Sgrìobh do fhreagairtean gu soilleir ann an leabhran nam freagairtean. Ann an leabhran nam freagairtean feumaidh tu àireamh na ceiste a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir.

Cleachd inc **gorm** no **dubh**.

Mus fàg thu seòmar na deuchainne, feumaidh tu leabhran nam freagairtean a thoirt don Fhreiceadan; mura dèan thu sin, dh'fhaodadh na comharran gu lèir airson a' phàipeir a chall.

SQA ©

[DUILLEAG BHÀN]

ROINN 1 — DEAMOCRASAIDH ANN AN ALBA AGUS SAN RÌOGHACHD AONAICHTE— 20 comharran

Feuch AON phàirt,

Pàirt A — Deamocrasaidh ann an Alba **air duilleagan 3–6**

NO

Pàirt B — Deamocrasaidh anns an Rìoghachd Aonaichte **air duilleagan 8–11**

PÀIRT A — DEAMOCRASAIDH ANN AN ALBA

Na do fhreagairtean airson ceistean 1 agus 2, bu chòir dhut eisimpleirean a thoirt seachad a dh' èirich ann an Alba bho chionn ghoirid.

Ceist 1

Tha iomadh cumhachd tiomnaichte aig Pàrlamaid na h-Alba.

Mìnich, **gu mionaideach**, na cumachdan tiomnaichte a tha aig Pàrlamaid na h-Alba. **6**

Ceist 2

Tha mòran dhaoine ann an Alba a' bhòtadh ann an taghaidhean.

Mìnich, **gu mionaideach**, carson a tha mòran dhaoine ann an Alba a' bhòtadh ann an taghaidhean. **6**

[Tionndaidh an duilleag

PÀIRT A (a' leantainn)

Ceist 3

Thoir sùil mhionaideach air Stòran 1, 2 agus 3 agus an uair sin feuch air a' cheist a leanas.

STÒR 1

Faidhle - Fiosrachaidh mu Thaghaidhean Pàrlamaid na h-Alba

Feumaidh pàrtaidhean poilitigeach cunntasan mionaideach a chumail dhen airgead a tha iad a' faighinn agus a' cosg aig àm taghaidh. Tha pàrtaidhean poilitigeach a' faighinn maoineachadh bho dhiofar àiteachan.

Fhuair am Pàrtaidh Làbarach mu 36% dhe na tabhartasan airgid aca aig co-labhairt 2011 bho na h-Aonaidhean Ciùird, ach tha am Pàrtaidh Tòraidheach agus Pàrtaidh Nàiseanta na h-Alba le chèile an urra ri luchd-gnothachais beartach Albannach.

Aig taghadh Pàrlamaid na h-Alba 2011, chaidh còrr air £6·2 millean a chosg le na pàrtaidhean poilitigeach as motha. Bha sin na bu lugha, ge-tà, na an £9·5 millean a chaidh a chosg ann an 2007.

Arèir aithisg air taghadh Pàrlamaid na h-Alba 2011 's ann air bileagan taghaidh agus litrichean bho thagraichean as motha a chaidh a chosg de dh'airgead. Ann an 2007 chosg na pàrtaidhean £1·2 millean orra seo. Ann an 2011 chosg iad £1·4 millean.

Ann an 2007, chosgadh beagan agus £1 millean air sanasachd, a leithid bùird-sràide, agus chaidh £155,000 a chosg air cruinneachaidhean agus coinneamhan poblach. Ann an 2011 bha cosgais sanasachd aig beagan a bharrachd na £438,600 agus bha £47,000 air a chosg air cruinneachaidhean agus coinneamhan poblach.

Ann an 2007, bha 22% dhen mhòr-shluagh dhen bheachd gun robh còir sanasan taghaidh telebhisean a chasg aig àm an taghaidh fhèin. Ann an 2011, bha an àireamh sin air tuiteam gu 18%.

Mothachadh nam Bhòtairean (%) air modhan iomairt an taghaidh

Taghadh	Fhuair bileagan	Mhothaich sanasan air bùird	Chaidh gu coinneamh phoblach	Choimhead air craoladh air an TBh
2007	89	62	3	70
2011	93	48	2	72

PÀIRT A CEIST 3 (a' leantainn)

STÒR 2

Cosgais Phàrtaidhean Poilitigeach, Pàrlamaid na h-Alba (2007 agus 2011)



[Tionndaidh an duilleag

PÀIRT A CEIST 3 (a' leantainn)

STÒR 3

Toraidhean Taghaidh Pàrlamaid na h-Alba (àireamh de BhP)

	Tòraidhean	Na Làboraich	Na Liberalaich Deamocratach	Pàrtaidh Nàiseanta na h-Alba (SNP)
2007	17	46	16	47
2011	15	37	5	69

Far a bheil gach Pàrtaidh Poilitigeach a' faighinn an cuid airgid (2011)



A' cleachdadh Stòran 1, 2 agus 3, dè na co-dhùnaidhean gu am faodar tighinn mu dheidhinn Taghaidhean Pàrlamaid na h-Alba a ghabh àite bho chionn ghoirid?

Bu chòir dhut co-dhùnadh a ruighinn mu **gach** rud a leanas.

- Cho cudromach 's a tha taic airgid bho Aonaidhean Ciùird do dh'iomairtean an taghaidh.
- An ceangal a tha eadar na tha pàrtaidh a' cosg air an taghadh agus cho soirbheachail 's a bhitheas iad san taghadh sin.
- An ceangal eadar na thathar a' cosg air an taghadh agus cho mothachail 's a tha luchd-bhòtaidh air iomairtean an taghaidh.

Feumaidh na co-dhùnaidhean agad a bhith stèidhichte air fianais bho na stòran. Bu chòir dhut ceangalaichean a dhèanamh sna stòran agus eadar na stòran a bheir taic dha na co-dhùnaidhean agad. **8**

A-NIS THEIRIG GU ROINN 2 AIR DUILLEAG DHÀ-DEUG

[DUILLEAG BHÀN]

PÀIRT B — DEAMOCRASAIDH SAN RÌOGHACHD AONAICHTE

Na do fhreagairtean airson ceistean 1 agus 2, bu chòir dhut eisimpleirean a thoirt seachad a dh'èirich San Rioghachd Aonaichte bho chionn ghoirid.

Ceist 1

Tha iomadh cumhachd glèidhte aig Pàrlamaid na RA.

Mìnich, **gu mionaideach**, na cumachdan glèidhte a tha aig Pàrlamaid na RA. **6**

Ceist 2

Tha mòran dhaoine san RA a' bhòtadh ann an taghaidhean.

Mìnich, **gu mionaideach**, carson a tha mòran dhaoine san RA a' bhòtadh ann an taghaidhean. **6**

PÀIRT B (a' leantainn)

Ceist 3

Thoir sùil mhionaideach air Stòran 1, 2 agus 3 agus an uair sin feuch air a' cheist a leanas.

STÒR 1

Faidhle — Fiosrachaidh mu Thaghaidhean Pàrlamaid na RA

Feumaidh pàrtaidhean poilitigeach cunntasan mionaideach a chumail dhen airgead a tha iad a' faighinn agus a' cosg aig àm taghaidh. Tha pàrtaidhean poilitigeach a' faighinn maoineachadh bho dhiofor àiteachan.

Aig Taghadh Choitcheann na Rìoghachd Aonaichte ann an 2010, fhuair deich pàrtaidhean tabhartasan agus iasadan airgid luach còrr air £14 millean. Bha mòran phàrtaidhean beaga, ge-tà, nach d' fhuair airgead idir. Ann an 2009, fhuair am pàrtaidh Làbarach mu 36% dhe na tabhartasan aca bho Aonaidh Ciùird, ach bha am Pàrtaidh Tòraidheach agus na Libearalaich Deamocratach an urra ri luchd-gnothachais beartach.

Nochd aithisg mu Thaghadh Choitcheann na RA 2010 gun deach an suim-airgid bu mhotha a chosg air bileagan iomairt agus stuthan eile, a leithid litrichean bho thagraichean. Ann an 2005, chosg na pàrtaidhean £8·9 millean orra sin. Ann an 2010, chosg iad £12·3 millean.

Ann an 2010, chosgadh £9 millean air sanasachd — a leithid bùird-sràide — agus chaidh £1·7 millean a chosg air cruinneachaidhean agus coinneamhan poblach. Ann an 2005 bha cosgais sanasachd aig £15 millean agus bha £4·1 millean air a chosg air cruinneachaidhean agus coinneamhan poblach.

Ann an 2005 bha 22% dhen mhòr-shluagh dhen bheachd gun robh còir sanasan taghaidh telebhisean a chasg aig àm an taghaidh fhèin. Ann an 2011, bha an àireamh sin air tuiteam gu 18%.

Mothachadh nam Bhòtairean (%) air modhan iomairt an taghaidh

Taghadh	Fhuair bileagan (%)	Mhothaich sanasan air bùird (%)	Chaidh gu coinneamh phoblach (%)	Choimhead air craoladh air an TBh (%)
2005	89	62	4	70
2010	93	48	2	72

[Tionndaidh an duilleag

PÀIRT B Ceist 3 (a' leantainn)

STÒR 2

Cosgais air Taghaidhean, Pàrlamaid na RA (2005 agus 2010)

Cosgais aig air Taghadh 2005



Cosgais air Taghadh 2010



PÀIRT B Ceist 3 (a' leantainn)

STÒR 3



A' cleachdadh Stòran 1, 2 agus 3, dè na co-dhùnaidhean gu am faodar tighinn mu dheidhinn Taghaidhean Pàrlamaid na RA a ghabh àite bho chionn ghoirid?

Bu chòir dhut co-dhùnadh a ruighinn mu **gach** rud a leanas.

- Cho cudromach 's a tha taic airgid bho Aonaidhean Ciùird do dh'iomairtean an taghaidh.
- An ceangal a tha eadar na tha pàrtaidh a' cosg air an taghadh agus cho soirbheachail 's a bhitheas iad san taghadh sin.
- An ceangal eadar na thathar a' cosg air an taghadh agus cho mothachail 's a tha luchd-bhòtaidh air iomairtean an taghaidh.

Feumaidh na co-dhùnaidhean agad a bhith stèidhichte air fianais bho na stòran. Bu chòir dhut ceangalaichean a dhèanamh sna stòran agus eadar na stòran a bheir taic dha na co-dhùnaidhean agad. **8**

A-NIS THEIRIG GU ROINN 2 AIR DUILLEAG DHÀ-DEUG

[Tionndaidh an duilleag

ROINN 2 — CÙISEAN SÒISEALTA SAN RÌOGHACHD AONAICHTE — 20 comharran

Feuch AON phàirt,

Pàirt C — Cion cho-ionannas Sòisealta **air duilleagan 12–15**

NO

Pàirt D — Eucoir agus an Lagh **air duilleagan 16–19**

Pàirt C — CION CHO-IONANNAS SÒISEALTA

Na do fhreagairtean airson ceistean 1 agus 2, bu chòir dhut eisimpleirean a thoirt seachad a dh' èirich san Rìoghachd Aonaichte bho chionn ghoirid.

Ceist 1

Buidhnean a bhios a' strì an aghaidh cion cho-ionannas san RA			
Riaghaltas	Daoine nan Aonar	Roinn Saor-thoileach	Roinn Phrìobhaiteach

Tagh **aon** de na buidhnean gu h-àrd.

Mìnich, **gu mionaideach**, **dà** dhòigh anns a bheil am buidheann a thagh thu a' feuchainn ri strì an aghaidh cion cho-ionannas san RA. **4**

Ceist 2

Tha cuid de dhaoine anns an RA beò ann am bochdainn.

Mìnich, **gu mionaideach**, carson a tha cuid de dhaoine anns an RA beò ann am bochdainn. **8**

PÀIRT C (a' leantainn)

Ceist 3

Thoir sùil mhionaideach air Stòran 1, 2 agus 3 agus an uair sin feuch air a' cheist a leanas.

STÒR 1

Naidheachdan an Là

Dh'Fhaodadh Gu Bheil Sinn Reamhar Ach Tha Sinn Nas Fallaine

Tha daoine san Rìoghachd Aonaichte beò nas fhaide na bha iad riamh, a dh'aindeoin draghan mu thrioblaidean slàinte a leithid smocadh agus reamhrachd (a bhith le cus a bharrachd cuideam ort). Ann an 2003, bha an dùil-beatha aig 77 bliadhna. Ann an 2013, bha e aig 80 bliadhna. Chan eil an ùine de dhùil-beatha san Rìoghachd Aonaichte cho math 's a tha e ann an dùthchannan Eòrpach eile, ge-tà.

Tha dùil-beatha san Rìoghachd Aonaichte air èirigh seach gu bheil sinn a' dèanamh taghaidhean nas fheàrr nar beatha làitheil, mu ar slàinte; mar eisimpleir a bhith ag ithe biadh nas fallaine agus a' dèanamh barrachd eacarsaich. Tha an dùil-beatha cuideachd air fàs san Rìoghachd Aonaichte ri linn obair mhath an NHS, a leithid leasachadh ann an cùram airson tinneas cridhe agus aillse, agus poileasaidhean an riaghaltais a leithid laghan an aghaidh smocadh. Tha seo air an Rìoghachd Aonaichte a chuideachadh gus ìrean-bàis bho thinneas cridhe a lùghdachadh barrachd na rinn dùthaich Eòrpach sam bith eile.

Tha mòran dhotairean air rabhadh a thoirt seachad gum feumar barrachd a dhèanamh gus dèiligeadh ri reamhrachd am measg chloinne agus na trioblaidean slàinte a tha a' tighinn na chois. 'S e trioblaid a tha a' sìor fhàs a tha ann an reamhrachd chloinne. Bho 2004, tha an àireamh de chloinn reamhar a tha a' fulang le tinneas an t-siùcair air dùblachadh. Ma tha sgrùdaidhean ceart, bidh an dàrna leth de dh'inbhichch na RA fada ro reamhar ro 2030.

[Tionndaidh an duilleag

PÀIRT C Ceist 3 (a' leantainn)

STÒR 2



PÀIRT C Ceist 3 (a' leantainn)

STÒR 3

Obair an Riaghaltais gus Smocadh a Lùghdachadh

Tha an Riaghaltas air obair mhòr a dhèanamh gus smachd fhaighinn air na trioblaidean slàinte co-cheangailte ri smocadh. Chuir Riaghaltas na h-Alba casg air smocadh ann an àiteachan poblach ann an 2006. Bhon uair sin tha an àireamh de dh'inbhich a tha a' smocadh air tuiteam, agus tha lùghdachadh air a bhith ann air tinneasan co-cheangailte ri smocadh. Bha laghan Shasainn an aghaidh smocadh air an cur an gnìomh bliadhna às dèidh sin.

Lorg aon sgrùdadh gun robh an àireamh de chloinn a thugadh a-steach dhan ospadal le sac air dhol sìos bho 26,969 ann an 2006 gu 20,167 ann an 2013. Cuideachd, tha an àireamh de dhaoine a thugadh a-steach dhan ospadal le grèim-cridhe co-cheangailte ri smocadh air lùghdachadh.

Ged a tha adhartas air a bhith ann, tha fhathast aon inbheach anns gach còignear a' smocadh, ged tha fios aca gu bheil e dona dhan t-slàinte aca. Tha an ìre às àirde de smocadh san Rìoghachd Aonaichte ann an Alba, far a bheil 27% de dh'inbhich fhathast a' smocadh. Tha ìrean smocaidh cuideachd gu math nas àirde ann an sgìrean bochda anns na bailtean mòra far a bheil ìrean air a bhith aig 40% fad nan 10 bliadhna mu dheireadh.

A' cleachdadh Stòran 1, 2 agus 3 mìnich carson a dh'fhaodar a ràdh gu bheil Sophie Wilson **a' taghadh às an fhìrinn**.

Tha piseach mòr air tighinn air slàinte na RA thar nan deich bliadhna mu dheireadh.

Beachd Sophie Wilson

Na do fhreagairt, **feumaidh** tu:

- Fianais a thoirt seachad bho na stòran a tha a' cur taic ri beachd Sophie Wilson.

agus

- Fianais a thoirt seachad bho na stòran a tha a' dol an aghaidh beachd Sophie Wilson.

Feumaidh do fhreagairt a bhith steidhichte air na na trì stòran. **8**

A-NIS THEIRIG GU ROINN 3 AIR DUILLEAG FICHEAD

[Tionndaidh an duilleag

PÀIRT D — EUCOIR AGUS AN LAGH

Na do fhreagairtean airson ceistean 1 agus 2, bu chòir dhut eisimpleirean a thoirt seachad a dh'èirich san Rioghachd Aonaichte bho chionn ghoirid.

Ceist 1

Is urrainn do Shiostam Èisteachd na Cloinne cuideachadh a thoirt do dhaoine òga ann an Alba.

Mìnich, **gu mionaideach**, **dà** dhòigh anns an urrainn do Shiostam Èisteachd na Cloinne cuideachadh a thoirt do dhaoine òga ann an Alba. **4**

Ceist 2

Nas trice na roimhe san RA, thathas a-nis a' cleachdadh diofar sheòrsaichean peanasachadh, an àite binn prìosain.

Mìnich, **gu mionaideach**, carson a thathas a-nis a' cleachdadh diofar sheòrsaichean peanasachadh, an àite binn prìosain, san RA. **8**

PÀIRT D (a' leantainn)

Ceist 3

Thoir sùil mhionaideach air Stòran 1, 2 agus 3 agus an uair sin feuch air a' cheist a leanas.

STÒR 1

Fiosrachadh agus Beachdan

Chaidh Bile Fhulaingichean agus Fhianaisichean (Alba) a chur air adhart ann an 2013 le Riaghaltas na h-Alba, leis an amas dèanamh cinnteach gum biodh cuid de chòraichean air na fulaingichean agus na fianaisean air an dìon fon lagh.

- Tha Bile Fhulaingichean agus Fhianaisichean a' moladh "for-chìs fulaingiche" a stèidheachadh, a' ciallachadh gum bi iadsan a nì eucoir a' pàigheadh cuid dhen chosgais an lùib taic a chumail ri fulaingichean m.e. innealan rabhaidh a chur dhan taigh aca agus cosgaisean siubhail dhan ospadal.
- Tha Taic Fulaingichean na h-Alba (an VSS) na bhuidheann saor-thoileach a tha a' toirt seirbheis èisteachd do fhulaingichean. Tha e furasta fios a chur air an luchd-obrach saor-thoileach aca air fòn, post-dealain no aghaidh ri aghaidh.
- Chan eil luchd-obrach saor-thoileach Taic Fulaingichean na h-Alba air an trèanadh nan comhairleachan agus chan urrainn dhaibh ach fiosrachadh practaigeach thoirt seachad.
- Tha còrr air £5 millean sa bhliadhna ga thoirt do Taic Fulaingichean na h-Alba le Riaghaltas na h-Alba airson an cuideachadh agus tha an Riaghaltas air gealltainn an ìre sin de thaic a chumail aca.
- Tha sgrùdaidhean a' nochdadh gu bheil fulaingichean riaraichte leis an ìre de thaic a tha iad a' faighinn mar dhaoine a tha air eucoir fhulang.
- Tha Taic Fulaingichean na h-Alba a' ruith Aonad Èiginn na h-Alba airson Fulaingichean (an SVCC) ach tha maoineachadh cho gann gu bheil na daoine a bhios a' fònadh airson taic, tric a' lorg gu bheil an loidhne fòn trang no nach eil duine ga fhreagairt.
- Tha liosta-feitheimh 9 mìosan aig Taic Fulaingichean na h-Alba de dhaoine a tha airson bruidhinn mu mar a dh'fhuiling iad eucoir.
- Tha Riaghaltas na h-Alba a' toirt £50,000 sa bhliadhna dhan SVCC ach tha an luchd-obrach ag ràdh nach eil sin faisg air a bhith gu leòr airson an iarrtas air na seirbheisean aca a fhreagairt.

[Tionndaidh an duilleag

PÀIRT D Ceist 3 (a' leantainn)

STÒR 2

Sgrùdadh air Eucoir Ann an Alba 2012

Mar neach a dh'fhuiling bho eucoir, dè cho riaraichte 's a bha thu leis an taic a fhuair thu bhon dà mheur gu h-ìosal?



PÀIRT D Ceist 3 (a' leantainn)

STÒR 3

Aithris le neach-strì airson Taic do dh'Fhulaingichean

Tha Riaghaltas na h-Alba air oidhirp glè mhath a dhèanamh gus taic a chumail ri daoine a dh'fhuiling eucoir le Bile Fhulaingichean agus Fhianaisichean chur air adhart. Tha e follaiseach gu bheil iad air èisteachd ri na tha daoine a dh'fhuiling eucoir ag iarraidh agus tha iad air for-chìs fulaingiche a mholadh a bheir taic airgid do dhaoine a dh'fhuiling eucoir. San fharsaingeachd, tha fulaingichean toilichte leis an taic a tha iad a' faighinn bho bhuidhnean saor-thoileach agus bho na poilis. Ach, chan eil maoineachadh gu leòr ga thoirt seachad a bhios na fhreagairt air an iarrtas airson sheirbheisean, a leithid comhairleachadh agus comhairle. Tha cuid de bhuidhnean saor-thoileach nach urrainn làn thrèanadh a thoirt dhan luchd-obrach aca seach nach eil airgead gu leòr aca.

A' cleachdadh Stòran 1, 2 agus 3 mìnich carson a dh'fhaodar a ràdh gu bheil Oliver Thomson **a' taghadh às an fhìrinn**.

Chan eil an fheadhainn a tha a' fulang bho eucoir ann an Alba idir a' faighinn taic leis a bheilear riaraichte.

Beachd Oliver Thomson

Na do fhreagairt, **feumaidh** tu:

- Fianais a thoirt seachad bho na stòran a tha a' cur taic ri beachd Oliver Thomson

agus

- Fianais a thoirt seachad bho na stòran a tha a' dol an aghaidh beachd Oliver Thomson.

Feumaidh do fhreagairt a bhi stèidhichte air na tri stòran.

A-NIS THEIRIG GU ROINN 3 AIR DUILLEAG FICHEAD

[Tionndaidh an duilleag

ROINN 3 — CÙISEAN EADAR-NÀISEANTA — 20 COMHARRAN

Feuch AON phàirt,

Pàirt E — Cumhachdan an t-Saoghail **air duilleagan 20–24**

NO

Pàirt F — Cùisean an t-Saoghail **air duilleagan 25–29**

PÀIRT E — CUMHACHDAN AN T-SAOGHAIL

Na do fhreagairtean airson ceistean 1 agus 2, bu chòir dhut eisimpleirean a thoirt seachad a tha a' bualadh air dùthaich air an do rinn thu sgrùdadh.

Ceist 1

Tha riaghaltasan air iomadh oidhirp a dhèanamh gus strì an aghaidh cion cho-ionannas sòisealta agus eaconamach.

Mìnich, **gu mionaideach**, **dà** dhòigh anns a bheil riaghaltas na dùthcha, air an do rinn thu sgrùdadh, a' strì an aghaidh cion cho-ionannas sòisealta agus eaconamach. **4**

Ceist 2

Tha cuid de bhuidhnean dhaoine nas buailtiche pàirt a ghabhail ann am poilitaigs na feadhainn eile.

Mìnich, **gu mionaideach**, carson a tha cuid de bhuidhnean dhaoine nas buailtiche pàirt a ghabhail ann am poilitaigs na feadhainn eile. **6**

PÀIRT E (a' leantainn)

Ceist 3

Thoir sùil mhionaideach air Stòran 1, 2 agus 3 agus an uair sin feuch air a' cheist a leanas.

'S e neach-comhairle an riaghaltais a th' annad. Chaidh iarraidh ort a mholadh **co-dhiù a bu chòir no nach bu chòir** Riaghaltas Astràilia sgur a dhèanamh bhòtadh na rud èigneachail.

Roghainn 1	**Roghainn 2**
Cùm bhòtadh na rud èigneachail ann an Astràilia	Sguir a dhèanamh bhòtadh na rud èigneachail ann an Astràilia

STÒR 1

Bhòtadh Èigneachail

Tha a' mhòr-chuid de riaghaltasan dheamocrasach a' coimhead air bhòtadh ann an taghaidhean mar chòir a tha aig gach saoranach.

Ann an Astràilia, tha an riaghaltas a' dol nas fhaide agus tha iad a' peanasachadh le càin daoine nach bi a' bhòtadh. Tha bhòtadh ann an taghaidhean Astràilianach èigneachail fon lagh.

Tha seòrsa air choreigin de bhòtadh èigneachail air a bhith aca ann an Astràilia bho thràth anns na 1900an agus tha taic mhòr aig an lagh seo bho sluagh na dùthcha. Mur a bhòt thu, gheibh thu càin $20 mar pheanas. Faodaidh duine cead fhaighinn gun bhòtadh ma tha adhbhar math gu leòr aige m.e. a bhith gu math finn.

Bha 47% dhen t-sluagh a' bhòtadh ann an Astràilia mus do nochd lagh air bhòtadh èigneachail ann an 1924. Anns na deicheadan bho 1924, tha mu 95% dhen t-sluagh air nochdadh airson bhòtadh.

Ann an Astràilia, tha 84% de dhaoine ag ràdh gu bheil bhòtadh cudromach dhaibh. Ach tha 37% dhen bheachd nach eil e cothromach càin a chur air duine nach do bhot. Tha 9% de dh'Astràilianach ag aideachadh gu bheil iad — aig àm air choreigin — air bhòt neo-fhoirmeil a chlàradh (air pàipear baileat a mhilleadh).

Tha cuid a' cumail a-mach gu bheil e neo-dheamocrasach toirt air daoine bhòtadh seach gu bheil e na chòir roghainn shaor a bhith aca. Tha iadsan a tha an aghaidh bhòtadh èigneachail a' togail argamaid gu bheil daoine gun mòran ùidh ann am poilitaigs air am putadh gu bhòtadh; tha seo a' cur ris an àireamh de phàipearan bhòtaidh a tha gam milleadh. A thuilleadh air sin, tha na milleanan dolairean ga chosg rannsachadh dhaoine nach do nochd airson bhòtadh.

[Tionndaidh an duilleag

PÀIRT E Ceist 3 (a' leantainn)

STÒR 2

Àireamh sluaigh a bhòt ann an Taghaidhean Pàrlamaid ann an cuid de dhùthchannan an G20

		A nochd (%)	Bhòtaichean neo-fhoirmeil (%)
Dùthchannan le bhòtadh èigneachail	Argentina	79·39	4·48
	Astràilia	93·22	5·6
	Brasil	81·88	8·64
Dùthchannan gun bhòtadh èigneachail	Canada	61·41	0·7
	A' Ghearmailt	70·78	1·44
	An Ruis	60·10	1·57

STÒR 3

Naidheachdan Astràilia Air-loidhne: Dh'fhaodadh cur às do Bhòtadh Èigneachail

Dh' fhaodadh gun tig crìoch air cha mhòr fad linn de bhòtadh èigneachail. Tha cuid de luchd-poilitaigs air moladh gun tèid cur às dha. Tha Prìomhaire Astràilia airson bhòtadh èigneachail a chumail, ged tha iarrtas ann airson ath-leasachadh a dhèanamh air na riaghailtean taghaidh.

Ann an stàite Queensland a-mhàin, bha mu 250,000 duine — mu 8% dhen luchd-bhòtaidh — nach do bhòt anns an taghadh stàite mu dheireadh. Chuireadh cha mhòr $1 millean ma seach airson dhol às dèidh iadsan nach do bhòt.

Beachd-sluagh ann an Astràilia: Am bu chòir dhuinn sgur a dhèanamh bhòtadh na rud èigneachail?



Thoir seachad do bheachd

Nic-C à Wilsonton **4 là air ais**

Tha e ceàrr toirt air saoranaich Astràilianach bhòtadh. Bu chòir dha bhith na chòir aig a h-uile duine gun bhòtadh.

Ray Sunshine à Camphill **5 là air ais**

'S e sochair a th'ann am bhòtadh. An coimeas ri dùthchannan eile, bidh mòran a bharrachd dhen t-sluagh a' bhòtadh agus mar sin tha toraidhean nan taghadh gu math nas cinntiche.

Bruce T à Toomwoomba a Deas **5 là air ais**

Feumaidh daoine bhòtadh, agus gun a bhith leisg, ach chan eil dòigh aig daoine bochda faighinn dhan àite-bhòtaidh aca, eu-coltach ri daoine beartach aig a bheil càraichean.

Eileen Nic a Ghobhainn à Darlington Heights **seachdain air ais**

Le bhi a' sparradh air daoine bhòtadh tha sin a' ciallachadh gum bhith iad a dh'aona-ghnothaich a' milleadh nam pàipearan baileat aca airson càin a sheachnadh.

Eddie à Ipswich **2 sheachdain air ais**

Cha bu chòir toirt air daoine aig nach eil ùidh sa chùis bhòtadh — tha mearachdan anns a' bhùthan bhòtaidh a' cur ri droch riaghladh.

Iain Thorpe à Mentone **2 mhìos air ais**

Nuair a tha an àireamh sluaigh a tha a' bhòtadh ìosal, tha seo a' ciallachadh gur e beag-chuid de shaoranaich a tha a' taghadh cò bhios a' riaghladh. Tha mi ag aontachadh leis a' mhòr-chuid de dh'Astràilianaich gum bu chòir dhuinn bhòtadh èigneachail a chumail.

Feumaidh tu co-dhùnadh dè an roghainn a mholas tu, bhòtadh èigneachail a chumail (Roghainn 1) **no** faighinn cuiteas bhòtadh èigneachail (Roghainn 2).

(i) A' cleachdadh Stòran 1, 2 agus 3 dè **an roghainn a thaghadh tu**?

(ii) Thoir seachad adhbharan a bheir **taic** dhan roghainn agad.

(iii) **Mìnich** carson nach do thagh thu an roghainn eile.

Feumaidh do fhreagairt a bhith stèidhichte air gach aon dhe na trì stòran. **10**

PÀIRT F — CÙISEAN MÒRA AN T-SAOGHAIL

Na do fhreagairtean airson ceistean 1 agus 2, bu chòir dhut eisimpleirean a thoirt seachad de chùis mhòr an t-saoghail air an do rinn thu sgrùdadh.

Ceist 1

Tha buidhnean eadar-nàiseanta tric a' feuchainn ri còmhstri agus cùisean eile a rèiteach gun a bhith a' cleachadh feachdan airm.

Mìnich, **gu mionaideach**, **dà** dhòigh anns a bheil buidhnean eadar-nàiseanta a' feuchainn ri còmhstri **no** cùis eile a rèiteach gun a bhith a' cleachadh feachdan airm. **4**

Ceist 2

Tha iomadh rud ag adhbharachadh còmhstri agus cùisean eile gu h-eadar-nàiseanta.

Mìnich, **gu mionaideach**, na rudan a dh'adhbhraich a' chòmhstri **no** a' chùis eile air an do rinn thu sgrùdadh. **6**

[Tionndaidh an duilleag

PÀIRT F (a' leantainn)

Ceist 3

Thoir sùil mhionaideach air Stòran 1, 2 agus 3 agus an uair sin feuch air a' cheist a leanas.

'S e Comhairliche Airm a th' annad agus tha thu ag obair airson cadrachadh airm, NATO. Tha NATO air a dhèanamh suas leis na SA, an RA agus sia dùthchannan eile bhon Iar.

Tha e air iarraidh ort a mholadh co-dhiù **am bu chòir no nach bu choir** do NATO feachdan a chur a-steach airson feuchainn ri stad a chur air cogadh sìobhalta ann an Dùthaich A.

Roghainn 1: Feachdan NATO a chur a-steach gu Dùthaich A	**Roghainn 2:** Gun feachdan NATO idir a chur a-steach gu Dùthaich A

STÒR 1

Dùthaich A — Còmhstri san Ear Mheadhanach

Thòisich an còmhstri ann an Dùthaich A le sreath de dh'iomairtean-sràide mòra an aghaidh an riaghaltais ann an 2011. Dh'fhàs na h-iomairtean seo nas fòirneartaiche. Bha na ceudan mòra de luchd-iomairt air an cur an grèim, air an dochann, air an ciùrradh agus air am marbhadh.

Cha robh ceann-suidhe Dhùthaich A riamh air gabhal ri càineadh sam bith air an riaghaltas aice leis an t-sluagh agus cha robh taghadh saor ann riamh. Bha na meadhanan cuideachd gu tur fo smachd a' Chinn-suidhe. Tha a' mhòr-chuid dhe na daoine an dùil gu bheil ath-leasachadh deamocrasach, taghaidhean cothromach agus meadhanan saora a dhìth ann an Dùthaich A.

Cha b' fhada gun do dh'fhàs na h-iomairtean-sràide gu bhith nan cogadh sìobhalta. Dh'fhoillsich arm nan reubaltach iad fhèin anns an Iuchar 2011 agus thug iad ionnsaigh air targaidean an riaghaltais. Tha an UN a' tomhais gun deach 140,000 duine a mharbhadh gu seo, mòran aca nan sìobhaltaich a chaidh a mharbhadh le saighdearan a' Chinn-suidhe.

Tha arm nan reubaltach air beagan buaidh a thoirt air saighdearan a' Chinn-suidhe. Thug mòran riaghaltasan bhon Iar buill-airm, uidheamachd agus airgead dha na reubaltaich. Bha an Rìoghachd Aonaichte agus na Stàitean Aonaichte gu sònraichte airson riaghaltas gu math nas càirdeile a chur an àite a' Chinn-suidhe.

Tha mòran ann an arm nan reubaltach air a bhith ag iarraidh air dùthchannan an Iar saighdearan a chur thuca airson an cuideachadh gus a' chùis a dhèanamh air an "aintighearna", an Ceann-suidhe. Tha faireachdainnean làidir ann às dèidh aithrisean gun do chleachd saighdearan an riaghaltais armachd cheimigeach gus còrr air 600 sìobhaltach a mharbhadh ann an sgìre a bha fo smachd arm nan reubaltach. Tha mòran eòlaichean, ge-tò, dhen bheachd nach biodh cùisean ach na bu mhiosa nam biodh tuilleadh shaighdearan armaichte an sàs sa chùis.

PÀIRT F Ceist 3 (a' leantainn)

STÒR 2

Cunntas Beachd an t-sluaigh
(Air a dhèanamh anns gach 28 dùthaich NATO — 10,000 saoranach)

Dè cho làidir sa tha thu ann an **aonta no eas-aonta** leis na briathran a leanas?

	gu làidir ag eas-aontachadh (%)	ag eas-aontachadh (%)	ag aontachadh (%)	gu làidir ag aontachadh (%)
Bu chòir do NATO Feachdan a chur gu Dùthaich A	54	18	16	12
Chan eil airgead gu leòr aig NATO a chuireas feachdan gu Dùthaich A	12	19	27	42
Nì barrachd dhaoine a dùthchannan cèine cùisean nas miosa	8	21	29	42
Cha chuidich feachdan NATO idir na fògarraich	6	11	30	53
Feumaidh NATO nas urrainn dhaibh a dhèanamh airson stad a chur air uidheaman ceimigeachd	6	9	35	50
Feumaidh NATO riaghaltasan càirdeil anns an Ear Mheadhanach	15	26	20	39

[Tionndaidh an duilleag

PÀIRT F Ceist 3 (a' leantainn)

STÒR 3

Naidheachdan NATO Air-loidhne: Saighdearan ann an Dùthaich A?

Tha buill NATO a' beachdachadh air cha mhòr 10,000 saighdear a chur gu Dùthaich A ann an oidhirp stad a chur air an t-sabaid ann. 'S e ceum air leth mòr a bhiodh seo dha NATO. Ged a chleachd NATO a feachdan adhair airson cuideachadh le cur às do riaghaltas Gaddafi ann an Libya ann an 2011, bhiodh seo mar a' chiad turas a chaidh saighdearan talmhainn NATO a chleachdadh taobh a-muigh na Roinn Eòrpa. Dh'fhaodadh call mòr a bhith ann am measg feachdan NATO. Tha mòran riaghaltasan NATO fìor dhraghail mun chosgais mhòr dha-rìribh a bhiodh an luib a leithid a dh'iomairt.

Chosg e 21·5 billean dolair dhan Rìoghachd Aonaichte agus na Stàitean Aonaichte dhol an sàs ann an Libya agus cha robh saighdearan talmhainn an sàs ann idir.

Chan urrainn dhuinn seasamh air aon taobh a' coimhead air a' Cheann-suidhe a' marbhadh nan daoine aige fhèin le armachd cheimigeach. Chuir NATO às do Gaddafi ann an Libya.

Cha tig cùisean ach nas miosa ma chuireas sinn coigrich a bharrachd le gunnaichean a-steach gu Dùthaich A. Tha gu leòr fir le gunnaichean ann mu thràth.

Thoir seachad do bheachd

George-M à Lunainn **6 uairean air ais**

Chosg e 21.5 billean dolair nuair a chaidh an RA agus na SA a-steach gu Libia – agus cha robh feachdan air an talamh an uair sin!

David-W à New York **12 uairean air ais**

Chan urrainn dhuinn seasamh air ais agus coimhead nuair a tha an Ceann-suidhe seo a' marbhadh nan daoine aige fhèin le uidheamachd cheimigeach. 'S iad NATO a fhuair cuiteas Gaddafi ann an Libia.

Katriona-N à Berlin **an-dè**

Nan cuireadh sinn barrachd dhaoine a dùthchannan cèine a-steach gu Dùthaich A le gunnaichean, dhèanadh e cùisean nas miosa. Tha gu leòr dhaoine le gunaichean ann mar tha.

Karen-F à Madrid **3 là air ais**

Tha cha mhòr dà mhillean fògarrach air teicheadh **às** an dùthaich agus tha iad a' fuireach ann an suidheachadh sgràthail ann an campaichean airson fògarraich. Tha na dùthchannan ri taobh Dùthaich A a' strì a' dèiligeadh ris an t-suidheachadh.

Andy-N às An Ròimh **an t-seachdain sa chaidh**

Tha an Ceann-suidhe air a bhith ag innse bhreugan do shluagh Dùthaich A airson fada ro fhada. 'S e deamocrasaidh a tha a dhìth orra.

Vikki-D à Liverpool **mìos air ais**

Tha cruaidh fheum aig na fògarraich air cuideachadh, chan e gunnaichean agus bomaichean. Chan eil math dhan riaghaltas againn na saighdearan òga againn a chur ann an cunnart.

PÀIRT F Ceist 3 (a' leantainn) **COMHARRAN**

Feumaidh tu co-dhùnadh dè an roghainn a mholas tu, feachdan NATO a chur a-steach gu Dùthaich A (Roghainn 1) **no** gun feachdan NATO a chur a-steach gu Dùthaich A (Roghainn 2).

(i) A' cleachdadh Stòran 1, 2 agus 3 **dè an roghainn a thaghadh tu**?

(ii) Thoir seachad adhbharan a bheir **taic** dhan roghainn agad.

(iii) **Mìnich** carson nach do thagh thu an roghainn eile.

Feumaidh do fhreagairt a bhith stèidhichte air gach aon dhe na na trì stòran. **10**

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

[DUILLEAG BHÀN]

[DUILLEAG BHÀN]

[DUILLEAG BHÀN]